

SCREEN SCOTLAND
SGRÌN ALBA



INBHEAN

IOMADACHD BFI

Sgeama Pìleatach Na H-Alba
2022-2023

INBHEAN IOMADACHD BFI — SGEAMA PÌLEATACH NA H-ALBA

RIAGHAILTEAN INBHEAN IOMADACHD BFI A' GABHAIL A-STEACH AMASAN IS RIAGHAILTEAN SÒNRAICHTE DO SGRÌN ALBA

Do thagraichean nòtaichean airson maoin riochdachaidh agus leasachaidh agus maoin fèisean film Sgrìn Alba.

Stèidhichte air na notaichean stiùiridh leudaichte bho BFI.

CLÀR INNSE

Ro-ràdh Inbhean Iomadachd BFI — sgeama pìleatach Sgrìn Alba	5
Dè na riaghailtean a tha a' cuairteachadh sgeama pìleatach Inbhean Iomadachd BFI — Sgrìn Alba??	6
Cò iad na buidhnean nach eil gan riochdachadh gu leòr ann an sgeama pìleatach Inbhean Iomadachd BFI — Sgrìn Alba?	7
A' cur dìth-riochdachaidh ann an co-theagasg san tagradh agaibh	9
Ciamar a nì mi tagradh?	10
Dè a-nis?	11
Mineachadh mu riaghailtean sgeama pìleatach Inbhean Iomadachd BFI — Sgrìn Alba	
INBHE A riochdachadh air sgrìn, cuspairean is aithris	13
INBHE B ceannas cruthachail is sgioba phròiseict	20
INBHE C ruigsinneachd is cothroman gnìomhachais	25
INBHE D leasachadh sluagh-amhairc	29
CUIRIBH FIOS THUGAINN Airson Ceistean, Stuthan Eile Agus Cuideachadh Le Ruigsinneachd	34

Mu Inbhean Iomadachd BFI

Is iad Inbhean Iomadachd BFI frèam-obrach gus dèiligeadh ri dìth-riochdachaidh is co-ionannachd chothrom adhartachadh ann an raointean sgrìn. Gabhaidh an cur gu feum ann am fiolmaichean, telebhisean air-loidhne is crann-sgaoilidh agus sreath de ghnothaichean a tha a' frithealadh luchd-amhairc leithid fèisean fiolm, foilleasachadh fiolm agus prògraman fiolm adhartach.

Thugadh a-steach iad an toiseach ann an 2016 mar riatanas cùmhnantail son maoin BFI gu lèir, tha Film4 is BBC Films gan cleachdadh is tha iad riatanach airson a' mhòr-chuid de mhaoineachadh phoblach do fiolm san RA.

Tha Paramount san RA, BAFTA is BIFA gan leantainn cuideachd, a' ciallachadh gum feumar na riaghailtean a choilionadh son ion-ròghnaidheachd an cuid tabhartasan.

Tha na h-Inbhean gu h-àraid a' cuimseachadh air na buidhnean nach eil gan riochdachadh ann an dàimh ri na feartan a tha gan dìon mar a mhìnichear ann an Achd Co-ionannachd 2010 a thuilleadh eachdraidh sòiseo-economach, uallaichean cùraim is obair taobh muigh Lunnainn is ear-dheas Shasainn.

Ro-ràdh Inbhean Iomadachd BFI — sgeama pìleatach Sgrìn Alba

Is i Sgrìn Alba a' bhuidheann as ùire a tha air gabhail ri Inbhean Iomadachd BFI air dhaibh sgeama pìleatach a ruith anns a' chiad dol-a-mach anns a' Ghiblean 2022. Is e seo pàirt de dhleastanas Sgrìn Alba a thaobh co-ionannachd, iomadachd is ion-ghabhaltas agus le amas iomadachd is ion-ghabhaltas adhartachadh am measg bhuidhnean le dìth-riochdachaidh sa raoin sin.

Tro bhliadhna an sgeama phìleataich bidh Inbhean Iomadachd BFI mar phàirt de riaghailtean tagraidh **Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh** agus **Maoin Fèisean Film**.

Ag obair còmhla, dh'ullaich BFI is Sgrìn Alba cuid de riaghailtean a tha sònraichte do dh'Alba agus an riochdaich pròiseactan muinntir na h-Alba nas fheàrr.

- Riochdachadh nas fheàrr air sgrìn a leasachadh anns na pròiseactan a fhuair taic bho Mhaoin Riochdachaidh agus Leasachaidh agus/no Maoin Fèisean Film;
- Cothroman is iomadachd nas fheàrr ann an ceannas chruthachail, sgioba is luchd-obrach phròiseict aig gach prògram a nithear le tagradh;
- Cothroman trèanaidh agus adhartas cùrsa-obrach nas fheàrr;
- Taic do raoin nan taisbeanadh gus am faicear tuilleadh iomadachd ann an sgaoileadh is leasachadh sluagh-amhairc.

Tha na h-Inbhean sùbailte agus gabhaidh an cleachdadh ann an ullachadh is riochdachadh pròiseactan film, tachartas-beò, dealbhan beò, is fiosrachaidh a thuilleadh air gnothaichean a nochdas ro shluagh agus a bheirear seachad le fèisean film ann an Alba.

Rè bliadhna sgeama phìleataich BFI DS ann an Alba tha sinn ag iarraidh uireasbaidhean a bharrachd a chomharrachadh anns an raoin a thaobh dìth-riochdachaidh air no ann an sgrìn. Cuidichidh seo leinn leinn comharran-measaidh nas cinntiche a chur air dòigh agus fios a chur ri amasan san àm ri teachd agus iomartan le cinn-uidhe a chuireas ri riochdachadh is ion-ghabhal.

Chithear slighe follaiseach eadar tuilleadh iomadachd air is far an sgrìn agus soirbheachadh a thaobh tiocaidean a reic. Nochd an dà chuid **Aithris Iomadachd Hollywood** agus **Ticket to Inclusion** mas ann nas iomadaich a bhios na cluicheadaran is an sgioba is ann as àirde a bhios an teachd-a-steach agus gur iad na filmichean le dìth iomadachd an fheadhainn as mì-shoirbheachail gu coimeirsealta.

Ma ghabhar ceumannan gus iomadachd adhartachadh ann an obraichean sgrìobhaidh is air an sgrìn, ann an cothroman sgioba, tàlann, trèanaidh is obrach air a' phròiseict agaibh, cuidichidh sin gus am bi e nas coltaiche ri sluagh na h-Alba agus leudaichidh e iomadachd an fheadhainn a tha ag obair ann an raoin sgrìn ann an Alba. Cuiridh sibh cuideachd ri cothroman don fheadhainn nach ruig air is nach leasaich an cùrsa-obrach sa ghniomhachas (gu h-àraid aig àm nuair a tha raoin sgrìn na h-Alba a' leudachadh). Aig a' cheann thall, tha e a' ciallachadh gum faic an luchd-amhairc iad fhèin air is far an sgrìn anns na pròiseactan a bhios iad a' coimhead.

Dè na riaghailtean a tha a' cuairteachadh sgeama pìleatach Inbhean Iomadachd BFI — Sgrìn Alba?

GUS NA H-INBHEAN A RUIGHINN:

Tagraichean Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh:

- Feumaidh tagraichean maoin Leasachaidh co-dhiù aon a-mach às na ceithir Inbhean a ruighinn. Aig ìre Leasachaidh is e seo mar as trice Inbhe A.
- Feumaidh tagraichean maoin Riochdachaidh co-dhiù dhà a-mach às na ceithir Inbhean a ruighinn, agus feumar gur e Inbhe C a bhios ann an aon dhiubh.

Tagraichean Maoin Fèisean Film:

- Feumaidh tagraichean riaghailtean Inbhean C is D a choileanadh. Faodaidh iad na h-Inbhean eile a ruighinn ma tha iad brìghmhor is freagarrach.

INBHE A — Riochdachadh air sgrìn, cuspairean is aithris

Gnothaich a ghabhail ri dìth-riochdachaidh anns na prìomh is iar-characteran, tàlann is com-pàirtichean, roghainn chluicheadar, prìomh is iar-sgeulachd, cuspair, aithris is làrach a' phròiseict.

INBHE B — Ceannas cruthachail is sgioba phròiseict

Buinidh seo ri ceannas leasachaidh a' phròiseict, film no fèis leithid Ceannard Riochdachaidh, Stiùiriche na Fèise agus Ceannardan Roinnean eile, dreuchdan riatanach eile agus iomadachd luchd-obrach no sgioba a' phròiseict, a thuilleadh air buaidh sam bith a thaobh com-pàirteachas muinntir sgìrean nach eil gan riochdachadh gu leòr mar-thà.

INBHE C — Ruigsinneachd is cothroman gnìomhachais

Buinidh seo ri dreuchdan pàighte leithid inntearnas, ionnsachadh ciùird agus luchd-comhairle sònraichte; dreuchdan trèanaidh agus cothroman trèanaidh no eòlas fhaighinn air obair, agus adhartachadh is “ciad obair” is meantorachd. Anns gach suidheachadh feumar na dreuchdan sin a lìonadh le muinntir bhuidhnean le dìth-riochdachadh.

Bithibh Mothachail: Tha Inbhe C riatanach do thagraichean Leasachadh is Riochdachadh Film ach a-mhàin tagraidhean leasaichte. Gabhaidh lasachadh a dhèanamh do phròiseactan le sgiobaidhean fìor bheag.

INBHE D — Leasachadh Sluagh-Amhairc

Buinidh seo do chothroman leudachadh do phròiseactan, filmichean agus a' cuimseachadh air sluaghan-amhairc nach eil gam frithealadh gu leòr an-dràsta; ro-innleachdan a thèid an sàs ann an sgìrean air feadh Alba, a' gabhail a-steach an dà chuid coimhearsnachdan is àitichean nach eil gan riochdachadh mar-thà agus ro-innleachdan ùra margaideachd is sanasachdan gus ruighinn air sluaghan-amhairc nach eil gam frithealadh gu leòr.

NB Tha Inbhe D riatanach do luchd-tagraidh Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba. Seo cuspair a bharrachd do riochdachaidhean le luchd-sgaoilidh nan cois.

Cò iad na buidhnean nach eil gan riochdachadh gu leòr ann an sgeama pìleatach Inbhean Iomadachd BFI – Sgrìn Alba?

Is iad na buidhnean nach eil gan riochdachadh cuid le na feartan a tha gan dìon mar a mhìnichear ann an [Achd Co-ionannachd 2010](#) a thuilleadh air buidhnean eile a mheas sinn mar prìomhachas airson taic ann an roinn sgrìn na h-Alba.

Is iad na feartan a tha gan dìon ann an **Achd na Co-ionannachd**:

- **Aois**
- **Ciorram**
- **Ath-bhuileachadh gnè**
- **Pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta**
- **Torrachas is màthrachas**
- **Cinneadh**
- **Cràbhadh no creideamh**
- **Gnè**
- **Aidmheil cleamhnais**

Aithnichidh sinn gu bheil cnapan-starraidh sònraichte ma choinneamh buidhnean le dìth-riochdachaidh ann an raoin sgrìn na h-Alba (an dà chuid air is far an sgrìn) ris nach buin na feartan a tha gan dìon fo Achd na Co-ionannachd 2010. Le sin, thathas cuideachd airson dèiligeadh ri dìth-riochdachadh am measg an fheadhainn a tha gan comharrachadh fhèin mar:

- **B/bodhar**
- **Neach a bhuneas do dhualchas nach eil cho math dheth**
- **Neach a dh'fhiosraich an siostam cùraim**
- **A bha nan Luchd-cùraim.**
- **Luchd-bruidhinn na Gàidhlig**
- **Nach bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan**
- **De dhualchas Fògarrach agus Eilthireach**
- **A tha a' fuireach ann an Alba ann an sgìre le dìth riochdachaidh leithid sgìre, làrach no coimhearsnachd**

Thagh sinn mìneachadh sònraichte airson com-pàirteachadh roinneil a thaobh cumadh slugh is cruth sgìrean na h-Alba gus àitichean ann an Alba a ghabhail a-steach aig a bheil:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an [Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn \(SIMD\)](#)¹
- Mar a mhìnichear ann an [Seòrsachadh ochd-fhillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba](#) a thaobh slugh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach.

1. Tha an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn a' comharrachadh slatan-tomhais bhochdainn ann an 6,976 sgìrean-beaga Albannach a thaobh teachd-a-steach, cosnadh, foghlam, slàinte, cothrom air seirbheisean is taighean. Faodaidh sgìrean a tha gan comharrachadh mar "bochd" a bhith a' ciallachadh gu bheil teachd-a-steach ìosal ach cuideachd gu bheil goireasan is cothroman gann.

Chan e seo liosta cunbhalach agus chuireadh sinn fàilte air pròiseactan a tha a' gabhail gnothaich ri dith riochdachadh ann an sgìrean nach deach ainmeachadh gu h-àrd.

Amasan

Gus dèiligeadh ris an dith-riochdachadh a mhìnichear gu h-àrd, tha na h-amasan a leanas aig Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba le * a' comharrachadh nan amas sònraichte Albannach. Freagraidh na h-amasan eile gu lèir air na h-Inbhean don RA gu lèir.

- **Cothromachadh gnè 50-50**
- **Riochdachadh brìoghmhor (5%+) a bhuineas do bhuidhinn le dith-riochdachaidh**
[‘s e an t-amas seo 20% airson Inbhean Iomadachd BFI air feadh na RA]
- **10% LGBTQIA+**
- **7% B/bodhar air/no Ciorramach**
- **Riochdachadh brìoghmhor de mhuinntir à dualchas nach eil cho math dheth**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine a dh’fhiosraich an siostam cùraim**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine a tha air a bhith nan luchd-cùraim**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de luchd-labhairt na Gàidhlig**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine nach bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine le dhualchas Fògarrach agus/no Eilthireach**
- ***Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba ann an sgìre le dith riochdachaidh leithid sgìre, àite no coimhearsnachd**
[is e an t-amas ‘àireamh brìoghmhor de chom-pàirtichean no luchd-farpais a' fuireach san RA taobh muigh Lunnainn agus Ear-dheas Shasainn’ ann an Inbhean Iomadachd BFI don RA gu lèir]

A' cur dìth-riochdachaidh ann an co-theagasg san tagradh agaibh

Thoiribh fa-near gu bheil diofaran ann a thaobh riochdachadh air sgrìn seach sgioba riochdachaidh.

Mar eisimpleir, chan eil càil a dhìth riochdachadh pàrantan air sgrìn, ach faodaidh dìth-riochdachaidh prìomh neach-cùramach leinibh a bhith am measg nan gnìomhachas sgrìn agus dh'fhaodadh oidhirpean gus leigeil leotha obair air a' phròiseact freagairt air na riaghailtean.

Chan eil sinn a' cleachdadh slat-tomhais sònraichte a thaobh eachdraidh sòisio-eaconamach ach san fharsaingeachd mheasaidh sinne neach a dh'fhiosraich dìth-chothroman air sgàth an ìre teachd-a-steach, agus/no foghlaim, mar dìth-riochdaichte ann an gnìomhachasan sgrìn. Bu chòir mìneachadh carson a mheasar gum buin an fheadhainn a tha an cois pròiseict do dhualchas sòisio-eaconamach nas boichde- as bith a bheileas a' riochdachadh sluagh air sgrìn, a' tabhann cothroman cosnaidh, a' toirt seachad cothrom air a' ghnìomhachas no a' leasachadh sluaghan-amhairc.

Nuair a bheirear iomradh air “Aois” mar chuspair a thaobh dìth-riochdachaidh faodaidh seo a bhith a' ciallachadh daoine nas òige no nas sine. Is e an gnothach as cudromaiche, a bheileas ann an co-theagasg ur pròiseict shònraichte, a' gabhail gnothaich ri dìth-riochdachadh ann an seadh aois. Mar eisimpleir, molaidh tagraiche neach as sine mar phrìomh character ann am film luath-bheart far am faicear daoine nas òige mar as trice. Bhiodh aois cuideachd brìoghmhor ma thathas a' sireadh airgid airson fèis film òigridh no prògram gus luchd-amhairc nas òige a tharraing.

Thoiribh fa-near nach eil ionmhas a bharrachd ri fhaotainn bhon dà chuid am BFI no Sgrìn Alba gus cuideachadh le pròiseactan na h-inbhean a ruighinn. Saoilidh sinn gun gabh a' mhòr-chuid de na raoin nan lùib fhuasgladh gun chosgaisean a bharrachd. Bu chòir tagraichean nach eil a' tabhann ruigsinneachd is cothroman gnìomhachais a mhìnichear ann an Inbhe C sùil a thoirt an toireadh iad seachad iad mar phàirt de na dòighean gnìomhachais nas fharsaing aca. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach maoinachadh com-pàirteachais airson trèanadh bho bhuidhinn seach Sgrìn Alba.

Mholamaid cuideachd sùil a thoirt air fiosrachadh BFI aig [Fastadh agus Achd na Co-ionannachd](#).

Ciamar a nì mi tagradh?

Tron sgeama phileatach seo bidh Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba mar phàirt de riaghailtean tagraidh Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh agus/no Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba.

Bidh dà cheum fa leth ri leantainn airson tagraidhean gu aon seach aon de mhaoin Sgrìn Alba.

- **CEUM 1:** Lìonaibh ceistean co-cheangailte ris a' phròiseact agaibh aig làrach BFI agus Inbhean Iomadachd BFI ann an Alba.
- **CEUM 2:** Aon uair is gu bheileas air CEUM 1 a chrìochnachadh faodaidh sibh bileag tagraidh Sgrìn Alba son na maoin freagarraich (Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh no Maoin Fèisean Film). Chan fheum sibh feitheamh air freagairt a' BhFI ris an tagradh agaibh gus tagradh a dhèanamh ri Sgrìn Alba - ach feumar tagradh ri BFI an toiseach.

Bithibh cinnteach gun cleachd sibh an t-aon ainm son a' phròiseict agaibh air an dà chuid an tagradh agaibh son Inbhean Iomadachd BFI Alba air làrach BFI agus air ur bileig tagraidh Sgrìn Alba.

CEUM 1

Airson ceistean co-cheangailte ri Inbhean Iomadachd BFI ann an Alba a lìonadh, thigibh gu làrach BFI [BFI portal](#)

Bithibh cinnteach gun dean sibh seo mus cuir sibh ur tagradh gu Maoin Sgrìn Alba (airson an dà chuid Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh no Maoin Fèisean Film). Thoiribh fa-near gur iad an dà stòras airgid a tha a' gabhail pàirt anns an sgeama phileatach seo. Leanaidh stòrasan Sgrìn Alba eile, agus rè an sgeama phileataich seo, is iad an dà stòras sin a-mhàin a chuireas Inbhean Iomadachd BFI an sàs mar phàirt den pròiseas measaidh.

Leughaidh Stiùireadh Leudaichte Inbhean Iomadachd BFI ann an Alba gu faiceallach agus lìonaibh na ceistean a-mhàin a bhuineas do chuspairean air am freagair sibh no a tha sibh an dùil freagairt nur beachd fhèin.

CEUM 2

Gus tagradh a dhèanamh ri Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh no Maoin Fèisean Film, lìonaibh am pròiseas tagraidh mar a mhìnichear air làrach Sgrìn Alba.

[Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh](#)

[Maoin Fèisean Film](#)

Dè a-nis?

Aon uair is gum bi an tagradh a-staigh Measaidh Buidheann Teisteanas BFI earrann Inbhean Iomadachd BFI Sgrìn Alba agus measaidh Sgrìn Alba na h-earrannan eile uile den tagradh.

Sgrùdaidh Buidheann Teisteanas BFI ur freagairtean do cheistean Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba feuch am bheil iad iomlan.

Cha tèid ur tagradh gu Sgrìn Alba air adhart gun ath cheum den phròiseas gus an lion sibh na ceistean co-cheangailte ri Inbhean Iomadachd - BFI Sgrìn Alba. Thoiribh fa-near mura faigh ur tagraidh gu Inbhean Iomadachd BFI ann an Alba troimhe, is dòcha gun toir sin buaidh air cuin a thig co-dhùnadh mun tagradh agaibh ri Sgrìn Alba.

Nuair a bhios deuchainnean freagarrachd coileanta, gheibh sibh aon phost-d aithneachaidh bho Sgrìn Alba. Gabhaidh seo a-steach ur n-àireamh seòlaidh tagraidh Sgrìn Alba agus ur n-àireamh seòlaidh BFI airson na h-earrainn Inbhean Iomadachd ann an Alba den tagradh agaibh.

Ma cho-dhùnas Buidheann Teisteanas BFI air bun ur freagairtean do na ceistean nach eil ur pròiseact no film a' freagairt air Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba, bithear a' bruidhinn ri Sgrìn Alba mu na h-ath cheumannan.

Is dòcha gun cur Buidheann Teisteanas BFI tuilleadh cheistean thugaibh agus gun toir iad comhairle ruibh dè an obair a bharrachd a dh'fhaodar a dhèanamh gus na h-Inbhean a ruighinn.

Ma bhios còmhradh nas mionaidiche a dhìth, bidh coinneamh ann eadar sibh fhein, Buidheann Teisteanas BFI agus Sgrìn Alba gus bruidhinn air na dh'fhaodadh sibh a dhèanamh gus na h-Inbhean a ruighinn.

Aon uair is gum bi am pròiseas measaidh is co-dhùnaidh deiseil cuiridh Sgrìn Alba post-d thugaibh le toradh ur tagraidh, le fiosrachadh na lùib an do fhreagair sibh air riaghailtean Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba.

Feumaidh gach tagradh soirbheachail gu Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh agus Maoin Fèisean Film a bhith a rèir nan Inbhean gus am faighear ionmhas.

Tuigidh sinn gum faod gnothaichean atharrachadh nuair a choileanar pròiseact maoinichte, corra uair son adhbharan air nach eil smachd agaibh. Ma bhios duilgheadasan agaibh freagairt air na h-inbhean a bhathas a' sùileachadh a choileanadh bho thùs, bu chòir dhuibh fios a chur gu Buidheann Teisteanas BFI no gun phrìomh oifigear son ur pròiseict aig Sgrìn Alba gus bruidhinn air na cuspairean is ciamar a ghabhas an rèiteachadh. Ma shoirbhicheas leibh bithear cuideachd a' sùileachadh gun lìon sibh aithris deireannach BFI a' mìneachadh mar a choilean sibh na h-Inbhean Iomadachd mar phàirt de riaghailtean maoineachaidh Sgrìn Alba.

CUIRIBH FIOS THUGAINN

AIRSON CEISTEAN, STUTHAN EILE AGUS CUIDEACHADH LE RUIGSINNEACHD

Ma tha ceistean sònraichte agaibh, no ma tha taic, fiosrachadh a bharrachd no cuideachadh a dhìth gus ceistean Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba a fhreagairt, cuiribh fios air BFI. Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, no am fòn.

Post-d: diversitystandards@bfi.org.uk

Fòn: **0207 173 3273**

Cuiribh fios gu Sgrìn Alba ma tha ceistean sam bith a bharrachd agaibh mu dheidhinn Maoin Riochdachaidh is Leasachaidh Film no Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba, no ma tha taic san fharsaingeachd no fiosrachadh a bharrachd sam bith a dhìth oirbh. Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: [Lìonaibh foirm air an làrach-lìn againn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@screenscots](#)

Ma tha sibh ag iarraidh oirnn fònadh air ais thugaibh, thoiribh dhuinn ur n-àireamh is thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air na seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL.

Rachaibh gu: contactscotland-bsl.org/D/deaf-bsl-users airson barrachd fiosrachaidh.

INBHE A — RIOCHDACHADH AIR SGRÌN, CUSPAIREAN IS AITHRIS

Bidh Buidheann Teisteanas BFI ag iarraidh soilleireachd agus inbhe impidheach de mhìneachadh sam freagairt agaibh. Mar eisimpleir, ma thathas a' tagradh son maoin riochdachaidh, feumaidh sibh mìneachadh nas iomlaine a thoirt seachad seach dìreach innse gu bheil a' phrìomh character agaibh boireann no gum buin iad do chinneadh le dìth riochdachaidh.

Feumar argamaid chunbhallach a thoirt seachad carson a bheir an leithid seo de neach, cuspair no cumadh sgeulachd, riochdachadh brioghmhor de iomadachd. Ciamar a dh'aithnichear far a bheil pearsachan neo-aithnichte no cuspairean no sgeulachdan nach nochd ach ainneamh air sgrìn no a chithear bho shealladh ùr? Tha seo cuideachd a' ciallachadh mìneachadh far am faicear riochdachadh character, tàlann no com-pàirtichean tha ioma-fhillte no eadar-dhealaichte bhon ghnàth-iomhaigh àbhaisteach - feadhainn a chleachd a bhith gan riochdachadh gu faoin is gun doimhneachd.

Nuair a bhios amas soilleir chuspair a' cuimseachadh air aon bhuidhinn dìth-riochdaichte, bithear ag iarraidh dealasachd a' bhuidhean seo a thoirt a-steach don phròiseict gu lèir. A thaobh pròiseactan a tha gan ullachadh dh'fhaodadh seo a bhith ann an raointean eadar taghadh chluicheadair, an sgeulachd is leasachadh character.

A thaobh fèisean no prògraman, gabhaidh co-oibreachadh coimhearsnachd fhighie a steach don phròiseact, tachartas is co-dhùnaidhean margaideachd agaibh. Thoiribh fa-near nach ruig filmichean eadar-nàiseanta no ann an cànan eile seach Beurla na riaghailtean annta fhèin, tha ùidh againn anns na nithean a nochdas air an sgrìn agus ciamar a fhreagras seo air prìomh amasan nan Inbhe Iomadachd.

Nuair a bheachdaichear air ur freagairt a thaobh Inbhe A, bheir Buidheann Teisteanas BFI sùil air an làimhseachadh, sgrìobhaidhean no fiosrachadh no stuthan taic eile a bheirear seachad. Bheir iad sùil air ur freagairt do A1 son co-theagasg nuair a bhithte ag ath-sgrùdadh ur freagairtean do A2-6.

Gus Inbhe A a ruighinn feumar co-dhiù TRÌ de na leanas a choileanadh:

A1. Prìomh characteran/Com-pàirtichean/Luchd-lìbhrigidh/Luchd-ealain guth

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Bu chòir fiosrachadh a thoirt seachad son co-dhiù aon de na prìomh characteran, com-pàirtichean, luchd-lìbhrigidh, no luchd-ealain guth a bhuineas do bhuidhinn le dìth-riochdachaidh. Son stuth le sgrìobt, is e seo mar is trice a' phrìomh neach no nàmhaid. Ma tha sgioba-cluiche nas motha ann is dòcha gum bi tuilleadh prìomh characteran buntainneach.

Ma tha tàlann eadar-dhealaichte agaibh airson gach earrann, no ma thathas a' cleachdadh farsaingeachd stuth film nur pròiseict, is dòcha gum bi tuilleadh dhaoine brìoghmhor son A1.

Gus faicinn feuch a bheil ur prìomh characteran a' dèiligeadh ri dìth riochdachadh ann an dòigh ioma-fhillte is a' seachnadh nan gnàth-iomhaighean àbhaisteach, bheir sinn sùil air feartan ur cuid tàlann air sgrìn ann an co-bhonn ris an dreuchd/riochd agus chuspair no sgeulachd am film no prògram.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Bu chòir gum buin co-dhiù aon, ach nas fheàrr buileach barrachd de na prìomh charactaran, com-pàirtichean, luchd-libhrigidh, no luchd-ealain guth do bhuidhinn (no buidhnean) le dìth-riochdachaidh. Bu chòir an riochdachadh a bhith domhainn is a' seachnadh gnàth-iomhaighean àbhaisteach. Tha na leanas nan eisimpleirean, ach faodaidh feadhainn eile a bhith ann:

- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh air sgrìn
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh anns an leithid seo de dhreuchd no riochd
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh anns an leithid seo de film no prògram le sgeulachd no cuspair mar seo
- Tha an character, com-pàirtiche, neach-libhrigidh, no neach-ealain guth a' toirt dùbhlain an aghaidh gnàth-iomhaigh àbhaisteach
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh a bheir riochd ùr do sgeulachd ainmeil aithnichte

A2. Caractaran/Com-pàirtichean/Luchd-libhrigidh/Luchd-ealain guth/Farpaisich eile

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Iomadachd an fheadhainn eile nach eil cho bunaiteach don sgeulachd air an sgrìn.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Do dhaoine àbhaisteach (luchd-libhrigidh, com-pàirtichean) bidh aithris a rèir na riaghailt seo a' ciallachadh gum feum fiosrachadh iomadachd a bhith agaibh mun h-uile neach a nochdas air sgrìn. Mholamaid gun cruinnichear seo nuair a nì sibh cùmhnant le daoine.

Mar nach eileas air an fheadhainn nach eil cho bunaiteach airson a bhith air sgrìn fhadstadh fhathast, is dòcha gun gabh sinn ri rùintean an stèidheachadh air cò a thathas a' sùileachadh a fhadstadh no cuid air gearr-liostaichean.

Bu chòir suim iomlan an fheadhainn a nochdas air sgrìn is gun iad bunaiteach don sgeulachd ruighinn air cuid de na h-amasan a leanas:

- Cothromachadh gnè 50-50
- Riochdachadh brioghmhor (5%+) a bhuineas do chinneadh le dìth-riochdachaidh
- 10% LGBTQIA+
- 7% B/bodhar air/no Ciorramach
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir à dualchas nach eil cho math dheth
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir a dh'fhiosraich an siostam cùraim
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir a tha air a bhith nan luchd-cùraim
- Riochdachadh brioghmhor de luchd-labhairt na Gàidhlig
- Riochdachadh brioghmhor de dhaoine nach bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan
- Riochdachadh brioghmhor de dhaoine le dhualchas Fògarrach agus/no Eilthireach

- Riochdachadh brìoghmhor de dhaoine a tha a’ fuireach ann an Alba ann an sgìre le dìth riochdachaidh leithid sgìre, àite no coimhearsnachd, Ainmichibh ciamar a tha an sgìre, àite no coimhearsnachd seo ga dìth riochdachadh.

A thuilleadh air na h-amasan gu h-àrd a ruighinn do charactaran nach eil cho bunaiteach ann an filmichean is prògraman le sgrìobt, bu chòir tagraichean iomradh a thoirt air àite nam pearsa sin anns an sgeulachd agus mìneachadh ciamar a thathas a’ toirt seachad riochdachadh nach fhaicear gu tric no nach eil a rèir nan gnàth-ìomhaighean àbhaisteach. Gabhaidh na riaghailtean seo a choileanadh anns na dòighean a leanas:

- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh air sgrìn
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh anns an leithid seo de dhreuchd no riochd
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh nach fhaicear ach ainneamh san gnè/dòigh-aithris seo
- Caractaran a chuireas an aghaidh gnàth-ìomhaigh
- Muinntir buidhne le dìth riochdachaidh a bheir riochd ùr do sgeulachd ainmeil aithnichte
- A’ mhòr-chuid de na caractaran nach eil cho bunaiteach don sgeulachd a’ tighinn à buidhinn a tha ga dìth riochdachadh
- Na caractaran nach eil cho bunaiteach gan taghadh gus am bi iad nas coltaiche ri mar a tha an saoghal dha-rìreabh

A3. Prìomh Sgeulachd/Cuspair

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Tha prìomh sgeulachd(an), cuspair no aithris am film ma dheidhinn buidheann/buidhnean le dìth riochdachaidh. Bu chòir dhuibh mìneachadh soilleir is co-theagasg a chur ris. Bu chòir sreath no prògraman air leth iomadachd a nochdadh thairis air a’ mhòr-chuid de na prògraman gus A3 a choileanadh, is chan e dìreach aon phrògram no eileamaid.

Tha sinn a’ lorg guthan ùra, seallaidhean eadar-dhealaichte agus dòighean innleachdail ùra gus sgeulachdan aithris. Ma tha am film agaibh stèidhichte air sgeul aithnichte, ainmeil ann an litreachas no eachdraidh bu chòir mìneachadh carson a thathas ag ath-aithris na sgeulachd. Tha sinn a’ lorg dòighean annasach agus — is dòcha — nach bite a’ sùileachadh.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Buinidh a’ phrìomh sgeulachd no cuspair do bhuidhinn le dìth riochdachaidh, no a’ cuimseachadh air prìomh character, com-pàirtiche, neach-lìbhrigidh, no neach-ealain guth à buidhinn le dìth riochdachaidh. Bu chòir an sgeulachd no cuspair a bhith am measg aon no barrachd de na làimhsichidhean a leanas:

- Sgeulachd no cuspair a bhuineas gu dlùth ri buidheann/buidhnean le dìth riochdachaidh
- Gu bheil na prìomh caractaran, com-pàirtichean, luchd-lìbhrigidh, no luchd-ealain guth
- A’ cur an aghaidh gnàth-ìomhaigh
- Ann an dreuchd no riochd far nach fhaicear iad gu tric

- Ri dòigh ùr gnè no aithris aithnichte a làimhseachadh
- Ri dòigh ùr sgeulachd aithnichte a làimhseachadh

Mura h-eil iomradh air an sgeulachd no cuspair agaibh gu h-àrd, ach sibh den bheachd gu bheileas a' gabhail gnothaich ri riochdachadh ann an dòigh eile, mìnich seo nur freagairt.

A4. Sgeulachdan/Cuspairean Eile

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Gum buin eileamaidean eile den sgeulachd no cuspair agaibh de bhuidhinn/bhuidhnean le dìth-riochdachaidh. Is dòcha gur e a bhios ann an seo cuspair/aithris a thaobh character nach eil cho bunaiteach, no mar an dàrna chuspair fad sreath, no cuspair no aithris nach nochd ach ann am pàirt de film no aon earrann de shreath. Bu chòir dhuibh mìneachadh soilleir is co-theagasg a chur ris.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Aithris no eileamaidean den sgeulachd no cuspair agaibh a bhuineas do character mì-bhunaiteach agus gum buin an cuspair do bhuidhinn no buidhnean le dìth riochdachaidh.

Bidh an sgeulachd no cuspair am measg aon no barrachd de na gnèithean

- Sgeulachd no cuspair a bhuineas gu dlùth ri buidheann/buidhnean le dìth riochdachaidh gu bheil na prìomh characteran, com-pàirtichean, luchd-libhrigidh, no luchd-ealain guth
- A' cur an aghaidh gnàth-iomhaigh
- Ann an dreuchd no riochd far nach fhaicear iad gu tric
- Ri dòigh ùr gnè no aithris aithnichte a làimhseachadh
- Ri dòigh ùr sgeulachd aithnichte a làimhseachadh

Mura h-eil iomradh air an sgeulachd no cuspair agaibh gu h-àrd, ach sibh den bheachd gu bheileas a' gabhail gnothaich ri riochdachadh ann an dòigh eile, mìnich seo nur freagairt.

A5. Làrach

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Far am bheileas ri filmeadh agus far a bheil an aithris air a suidheachadh, ged a bhiodh sin ann an Alba no an Rìoghachd Aonaichte no thall-thairis, no ann an àite faoinsgeulach. A bharrachd air suidheachadh ann an làrach, tha seo ma dheidhinn na coimhearsnachd no coimhearsnachdan a riochdaichear ann am film no ann am prògram.

Ma tha an làrach no a' choimhearsnachd ga dìth-riochdachadh air sgrìn no ceangailte ri buidhinn le dìth riochdachaidh, bu chòir dhuibh sin innse. Bu chòir dhuibh co-theagasg brìoghmhor sam bith a mhìneachadh a thaobh na làraich agus ciamar a bhuineas i don sgeulachd, cuspair agus tàlann air an sgrìn.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Filmichean no prògraman a tha gan suidheachadh, gu lèir no ann am pàirt (fhad 's is a bhios na h-earrannan brìoghmhor le riochdachadh susbainteach den sgìre ainmichte) ann an sgìre no coimhearsnachd le dìth riochdachaidh.

Nuair a bhios filmeadh a' dol taobh muigh na RA, mu chòir innse dè uimhir dheth a ghabhas àite taobh muigh nam bailtean mòra.

Do Filmichean le Sgrìobt Gu bheil an suidheachadh, gu lèir no ann am pàirt ann an sgìre no coimhearsnachd ann an Alba le dìth riochdachaidh. Mas e dealbh-beò a tha anns a' phròiseact agaibh le riochdachadh bhrìoghmhor, minichibh mar a bhios an saoghal no an t-àite ga riochdachadh.

Filmichean Aithriseach Bu chòir filmeadh a bhith gu lèir no ann am pàirt ann an sgìre, àite no coimhearsnachd le dìth riochdachaidh.

LÀRACH

Thagh sinn mìneachadh sònraichte airson **com-pàirteachadh roinneil** a thaobh cumadh sluagh is cruth sgìrean na h-Alba gus àitichean ann an Alba a ghabhail a-steach aig a bheil:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an **Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn (SIMD)**²
- Mar a mhìnichear ann an **Seòrsachadh ochd-fhillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba** a thaobh sluagh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach.

2. Tha an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn a' comharrachadh slatan-tomhais bhochdainn ann an 6,976 sgìrean-beaga Albannach a thaobh teachd-a-steach, cosnadh, foghlam, slàinte, cothrom air seirbheisean is taighean. Faodaidh sgìrean a tha gan comharrachadh mar "bochd" a bhith a' ciallachadh gu bheil teachd-a-steach ìosal ach cuideachd gu bheil goireasan is cothroman gann.

Ann an Alba faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach àitichean air feadh Alba a nochdas ann an dòigh aithnichte/cumanta NO riochdachadh gun gnàth-ìomhaighean de sgìre.

A' Chòrr den t-Saoghal Taobh muigh prìomh-bhailtean no bailtean as aithnichte a nochdas gu tric air sgrìn NO riochdachadh gun gnàth-ìomhaighean de sgìre NO dùthaich nach fhaicear gu tric air sgrìn no a tha daonnan ga riochdadh ann an aon dòigh no ann an aon gnè.

Suidhichidhean Faoinsgeulach Àite fantasach, ficsean-saidheans no àite faoinsgeulach eile a tha co-chosmhail ri baile-mòr / dùthaich san t-saoghal le dìth riochdachaidh NO suidheachadh a tha a' buntainn gu dìreach ri buidheann le dìth riochdachaidh NO baile-mòr / dùthaich faoinsgeulach a tha a' buntainn ri àite no buidheann dìth riochdaichte san t-saoghal nàdarrach.

COIMHEARSNACHDAN

San RA (a' gabhail a-steach Alba) agus a' chòrr den t-saoghal Coimhearsnachd dìth riochdaichte leithid coimhearsnachdan creideimh, de eilthirich, treubh is meanbh-sluagh, no de choimhearsnachd le inbhe sòiseo-eaconomach nas ìsle, no cuspair nas lugha leithid buidheann de dhaoine òga ann an dachaigh-cùraim sòisealta.

Suidheachadh/coimhearsnachd ficseanail Coimhearsnachd dìth riochdaichte a tha a' fuireach ann an àite fantasach, ficsean-saidheans no àite ficseanail eile agus a tha a' buntainn ri àite no buidheann dìth riochdaichte san t-saoghal nàdarrach.

A6. Roghainn Chluicheadair

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Roghainn chluicheadair a tha a' gabhail gnothaich ri dìth riochdachaidh agus an aghaidh tròpan agus gnàth-ìomhaighean. Bu chòir dhuibh innse an robh taghaidhean ann air ìre roghainn chluicheadair a bheir buaidh air a' character mar a nochdas iad agus dè buidheann no buidhnean a tha gan riochdachadh mar thoradh air an sin. Ainmichibh caractaran freagarrach is minich an co-theagasg.

Gus faicinn feuch a bheil ur roghainnean chluicheadair a' dèiligeadh ri dìth riochdachadh ann an dòigh ioma-fhillte is a' seachnadh nan gnàth-ìomhaighean àbhaisteach, bheir sinn sùil air cruth nan caractar iomchaidh, agus an smaoineachadh air cùlaibh roghainnean chluicheadair, agus cho faicsinneach is a tha na pearsachan.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Nuair nach eil roghainn chluicheadair ga bhonntachadh air buidhinn le dìth riochdachaidh agus gum buin an caractar do leithid:

- Cluicheadair le dualchas coimhearsnachd meanbh-sluaigh a' cluich neach far nach robh iomradh air cinneadh no far an deach a sgrìobhadh mar caractar geal
- Cluicheadair ciorramach a' cluich caractar nach deach a sgrìobhadh mar neach ciorramach
- Cluicheadair tar-ghnèitheach mar caractar nach deach a sgrìobhadh a dh'aon hnothaich mar neach tar-ghnèitheach

Bidh suidhichean ann far am freagradh e na riaghailtean seo nan dèidheadh neach à buidhinn dìth riochaichte a thaghadh air sgàth dè na buidhne dam buin iad. Mar eisimpleir, tha e cumanta cluicheadairean gun chiorram a thaghadh mar characteran ciorramach; mar sin dh'fhaodadh e a bhith a rèir nan riaghailtean cluicheadair ciorramach a thaghadh airson an leithid.

INBHE B – CEANNAS CRUTHACHAIL IS SGIOPA PHRÒISEICT

Feumar dreuchdan a bhith aig muinntir bhuidhnean le dìth-riochdachadh airson a bhith a rèir nan riaghailt. Thoiribh fa-near, far a bheil an sgioba gu lèir no muinntir a' phròiseict nas lugha na 25 (m.e. aithrisean, fèisean nas lugha agus pròiseactan nochdadh phrògraman) gabhar feart a thaobh uiread de dhaoine a bhios a dhìth gus aon riaghailt inbhe a ruighinn. Measaidh sinn iad sin cùis air chùis, agus faodar dreuchdan a lìonadh gu saor-thoileach an seo.

Ma tha ceannas ann an ealain agaibh bho neach à buidhinn le dìth riochdachaidh, bu chòir dhuibh mineachadh ciamar a bheir seo buaidh air a' phròiseact agaibh. An toir seo eòlas no sealladh na chois nach biodh ann às aonais? An cuidich e le cultaran fastaidh nas adhartaiche a leasachadh? An cur e cruth air ur pròiseact ann an dòigh sònraichte? Am faicear buaidhean nas maireannaiche no nas leathainne air sgàth an eisimpleir seo de cheannas?

Nur freagairtean do B1-3, ainmichibh na dreuchdan a tha gan lìonadh le muinntir buidhne le dìth riochdachaidh, agus a' bhuidhinn le dìth riochdachaidh dam buin iad. Cha bu chòir dhuibh ainmean dhaoine a chleachdadh.

Faodaidh sibh cuideachd fiosrachadh mu dheidhinn gin de na dreuchdan ainmichte far am buin an fheadainn air geàrr-liostan no ris an deach buidhinn do bhuidhnean le dìth riochdachaidh.

Nochdaibh rùn soilleir a thaobh luchd-obrach a lorg à buidhnean le dìth riochdachaidh.

Ma ghabhas e a bhith, bu chòir ur tagradh sealltainn ciamar a thathas ag atharrachadh dòighean fastaidh: ciamar, cuin is càite a bheileas a' fastadh? A bheil na làraichean agallamh is ionadan obrach so-ruigsinneach? Am bi sibh a' tabhann taic a bharrachd ma choinneimh feumalachdan ruigsinneachd sònraichte, còmhhdail nam measg?

Ma bhios barrachd air aon neach ann an dreuchd sam bith faodar mineachadh mar a tha àireamh de dhaoine le dìth riochdachaidh gam fastadh san dreuchd seo. Cha bu chòir dhuibh ach gach neach a chunntadh aon turas, mar eisimpleir, ma tha aon neach le dìth riochdachaidh an dà chuid ag obair mar sgrìobhadar is mar stiùiriche, cha mheasar an neach sin ach mar aon a-mach às an triùir a dh'fheumar fo B1.

Son riochdachaidhean, bhithte a' sùileachadh gum faiceadh sinn prìomh riochdaire no riochdairean gan ainmeachadh ann an B1; bu chòir àrd/co/iar riochdairean agus stiùirichean-riochdachaidh an ainmeachadh ann an B2 agus B3.

Prìomh luchd-cùraim

Minichibh làimhseachadh sònraichte sam bith (mar eisimpleir, cothroman obair a roinn, cùram-chloinne làtharail, dòighean obair sùbailte) gus feadhainn a tha nam prìomh luchd-cùraim a chuideachadh gus obair air a' phròiseact.

Le prìomh luchd-cùraim, tha sinn a' ciallachadh prìomh luchd-cùraim cloinne, inbhich agus/no seann daoine.

Chan e gu leòr a bhios ann gur e pàrant a bhios ann an neach, gu h-àraid mura h-iad a' phrìomh neach-cùraim - feumaidh ur pròiseact a bhith a dh'aon ghnòthaich a' cuideachadh leotha obair air agus iad a' coileanadh an cuid uallaichean cùraim.

Gus Inbhe B a ruighinn feumar co-dhiù DHÀ de na leanas a choileanadh:

B1. Ceannardan Roinnean

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

An fheadhainn anns na prìomh dreuchdan cruthachail is co-dhùnaidh. Atharraichidh iad sin a-rèir dè seòrsa pròiseict air a bheileas ag obair.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Feumaidh co-dhiù 3 de na dreuchdan ainmichte seo a bhith gan lìonadh le cuideigin à buidhinn le dìth riochdachaidh.

- Sgrìobhaiche-ciùil
- Dealbhadair Aodach
- Stiùiriche
- Stiùiriche Dealbhan
- Neach-deasachaidh
- Riochdaire
- Dealbhadair Riochdachaidh
- Sgrìobhadair

Mìnichibh mu cheannardan roinn nach eil gan ainmeachadh gu h-àrd, a' gabhail a-steach ma thathas a' tagradh do phròiseact nach eil na phròiseact film no mas e film no mas e dealbh-beò a tha ann.

A thaobh pròiseict sònraichte (mar eisimpleir pròiseact le mòran VFX) ma tha dreuchd HOD a tha sibh a' meas co-ionnann ris an fheadhainn ainmichte, chunntadh neach à buidhinn gun riochdachaidh ann an dreuchd seo mar tè de na 3 dreuchdan riatanach gus B1 a choileanadh.

A thaobh fèisean film, faodar luchd-tasgaidh, luchd-prògram, stiùirichean cruthachail no dreuchdan tomadach eile a bheir buaidh air a' phròiseact ainmeachadh.

B2. Dreuchdan Bunaiteach Eile

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Dreuchdan bunaiteach eile nach deach ainmeachadh ann an B1 sgioba/buidheann ìre mheadhanach agus dreuchdan teicnigeach eile. Is e a bhiodh ann an dreuchd bhunaiteach Ceannard Roinne, ach a rèir dè cho mòr is a tha an sgioba agaibh, no mar a sgaoilear na dleastanasan is dòcha gum bi e ciallach dreuchdan na dàrna ìre a thoirt a-steach.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Co-dhiù 6 dreuchdan às a' phrìomh sgioba no buidhinn pròiseict is iad aig daoine à buidhnean le dìth riochdachaidh.

Faodaidh an liosta a leanas a chleachdadh mar iùil, ach cha bu chòir a mheas uile-iomlan — tha sibh làn di-beathte dreuchdan eile air an aon ìre a chuir riutha.

Dh'iarraidh sinn measgachadh de àrd-inbhe is grunnan buidhnean le dìth riochdachaidh.

- 1d Iar-stiùiriche
- 1d Iar-neach-deasachaidh
- Luchd-ealain Cùlaobh Dealbhan-beò
- Luchd-dealbhan-beò
- Stiùiriche Ealain
- Sàr Ghille
- Obraiche Camara
- Stiùiriche Taghadh Chluicheadair
- Dealbhadair Character
- Dèanadairean
- Stiùiriche Togail
- Dealbhadair Aodach
- Stiùiriche Làrach
- Neach-tarraing fòcais
- Maor-Stiùido
- Dòrnan
- Dealbhadair Falt is Maise-gnùis
- Co-òrdanaichean Dàimh
- Prìomh Chluicheadair Cleas
- Dreuchdan Solais
- Neach-teicnigeach Solais
- Riochdaire Ionmhais
- Stiùiriche Làrach
- Dreuchdan Modail
- Neach-deasachaidh Ciùil
- Neach-stiùiridh Ciùil
- Neach-stiùiridh Iar-riochdachaidh
- Dreuchdan ro-léirsinneachadh
- Neach-cunntais Riochdachaidh
- Co-òrdanaiche Riochdachaidh
- Stiùiriche Riochdachaidh
- Neach dealbhaidh is togail ursainn
- Ceannard ursainn
- Dealbhadair Ath-bhall-bodhaig
- Dèanamh Phupaidean
- Dreuchdan Ìomhaigh
- Dreuchdan Uidheamachaidh
- Neach-stiùiridh Sgrìobt
- Neach dealbhaidh is Togail Ùrlar
- Neach-stiùiridh SFX
- Neach-deasachaidh Fuaim
- Neach-measgachaidh Fuaim
- Stiùirichean is luchd-comhairleachaidh sònraichte
- (leithid luchd-trèanaidh uisge, sabaid, is cleas)
- Neach-ealain Clàr-sgeul
- Neach-cuideachaidh Clàr-sgeul
- Stiùiriche Stiùidio
- Co-òrdanaichean Cleas
- Stiùiriche Trèanaidh
- Neach-stiùiridh VFX

Ma thathas a' tagradh as leth fèis, prògram taisbeanadh no pròiseict eile a bhios air beulaibh an t-sluaigh minichibh prìomh dhreuchdan ionnann san sgioba agaibh.

B3. Luchd-obrach Pròiseict Eile

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Iomadachd san fharsaingeachd am measg sgioba no buidheann a' pròiseict. Faodaidh sibh luchd-obrach a companaidhean goireasan roinneil a chunntadh ma bhios ur companaidh gam fastadh. Ma tha àireamh susbainteach de sgioba no luchd-obrach agaibh a tha a' fuireach ann an Alba no à buidhinn de dhualchas ìosal sòiseo-eaconomach, faodar sinn innse.

Tha grunn bhuidhnean a dh'fhaodas comhairle a chumail ribh agus sibh ag ullachadh air cuid planaichean fastaidh no na cothroman a bheir sibh seachad a shanasachadh.³

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Gus an riaghailt seo a choileanadh, bu chòir ur sgioba no ur luchd-obrach aon no barrachd de na h-amasan a leanas a thaobh buidhnean le dìth riochdachadh a ruighinn.

Is iad:

- Cothromachadh gnè 50-50
- Riochdachadh brioghmhor (5%+) a bhuineas do chinneadh le dìth-riochdachaidh
- 10% a tha gan ainmeachadh fhèin mar LGBTQIA+
- 7% B/bodhar air/no Ciorramach
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir à dualchas nach eil cho math dheth
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir a dh'fhiosraich an siostam cùraim
- Riochdachadh brioghmhor de mhuinntir a tha air a bhith nan luchd-cùraim
- Riochdachadh brioghmhor de luchd-labhairt na Gàidhlig
- Riochdachadh brioghmhor de dhaoine nach bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan
- Riochdachadh brioghmhor de dhaoine le dhualchas Fògarrach agus/no Eilthireach
- Riochdachadh brioghmhor de dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba ann an sgìre le dìth riochdachaidh leithid sgìre, àite no coimhearsnachd (Ainmichibh ciamar a tha an sgìre, àite no coimhearsnachd seo ga dìth riochdachadh).

Bidh aithris a rèir an riaghailt seo a' ciallachadh gun fheum fiosrachadh iomadachd a bhith agaibh mun h-uile neach a nochdas air sgrìn. Mholamaid gun cruinnichar seo nuair a nì sibh cùmhnant le daoine.

Ma thathas fhathast gun sgioba slàn a chruinneachadh / fhadhadh, is dòcha gun gabh sinn ri rùintean gan stèidheachadh air cò a thathas a' sùileachadh a fhadhadh no cuid air gearr-liostaichean.

Faodaidh sibh cuideachd innse ciamar a thathas a' sireadh luchd-obrach, leithid for-ruigheachd is conaltradh, sanasan obrach/gairm is an leithid agus ciamar a thathas a' brosnachadh thagraidhean à buidhnean le dìth riochdachaidh.

3. Nam measg tha B3 Media, BAFTA Alba, BBC Alba, BECTU Vision, BEUnited, Creative Access, Creative Diversity Network, Comhairle Baile Dhùn Èideann, Film Access Scotland, Film and TV Charity, Comhairle Baile Ghlaschu, GMAC, Iomart na Gàidhealtachd is nan Eilean, NFTS, Production Guild, Raising Films, Reel Angels, RTS Alba, ScreenSkills, Skills Development Scotland, Screen NETS, TRC, The British Blacklist, Women in Film and TV

B4. Cosnadh Roinneil

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Gu bheil obair a' dol air adhart air feadh Alba; gu bheil am film, prògram no pròiseact a' tabhann obair ionadal susbainteach ann an Alba ann an sgìrean le dìth riochdachaidh leithid roinn, nàbachd, no coimhearsnachd.

Is iad sgìrean le dìth riochdachaidh, làraich is ionadan aig am bheil:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an **Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn (SIMD)**⁴
- Mar a mhìnichear ann an **Seòrsachadh ochd-ghillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba** a thaobh sluagh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach

Far a bheil obair a' gabhail àite ann an sgìrean buntainneach de dh'Alba, minichibh an roinn agus an seòrsa obair a tha a' dol an sin. Chan e gu leòr a bhios ann fhèin ur companaidh a bhith stèidhichte taobh muigh Ghlaschu no Dùn Èideann gus B4 a choileanadh, feumar cuideachd nochdadh gun tabhainn sibh obair ionadail susbainteach air a' phròiseact dam bheileas a' tagradh.

Ma thathas a' tagradh airson maoin fèis agus sibh a' faireachainn gun coilean sibh an riaghailt seo, tha sibh làn di-beathte freagairt; mar eisimpleir ma tha an obair agaibh a' dol ann an diofar àite is sibh a' fastadh luchd-obrach ann an diofar roinnean.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Obair sam bith a bhios a' dol ann an Alba a bheir seachad obair ionadail.

Tha seo a' gabhail a-steach gach ìre de dh'obair riochdachaidh no pròiseict, agus faodaidh e a bhith a' gabhail a-steach grunn sgìrean / roinnean is ciùird obrach leithid sgìlean obrach ann an raointean sònraichte a chleachdar gu h-ainneamh ann an riochdachadh telebhisean rè na h-ùine riochdachaidh gu lèir.

Ma thathas a' filmeadh cuid de phrògram agaibh ann an àitichean ann am meadhan na h-Alba a bharrachd air an taobh a-muigh, bu chòir dhuibh innse dè uiread den film a nithear taobh muigh meadhan na h-Alba, agus mìneachadh na bhios sibh a' tabhann de dh'obair ionadail (samhail tuairmse buidseit, àireamh cosnaidhean is an leithid). Measaidh BFI am fiosrachadh seo gus fhaighinn a-mach a bheil an cosnadh ionadail a thabhas sibh susbainteach an taice ris a' chòrr de na planaichean fastaidh agaibh.

4. Tha an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn a' comharrachadh slatan-tomhais bhochdainn ann an 6,976 sgìrean-beaga Albannach a thaobh teachd-a-steach, cosnadh, foghlam, slàinte, cothrom air seirbheisean is taighean. Faodaidh sgìrean a tha gan comharrachadh mar "bochd" a bhith a' ciallachadh gu bheil teachd-a-steach ìosal ach cuideachd gu bheil goireasan is cothroman gann.

INBHE C — RUIGSINNEACHD IS COTHROMAN GNÌOMHACHAIS

Tha Inbhe C riatanach do na tagraichean gu lèir ach a-mhàin tagraidhean leasachaidh. Gabhaidh lasachadh a dhèanamh do phròiseactan le sgiobaidhean fìor bheag. Ge-tà, ma tha ur tagradh airson pròiseact leasachaidh faodaidh sibh fiosrachadh a mhìneachadh mu dheidhinn cothroman a thabhas sibh aig ìre ullachaidh. Mar eisimpleir, is dòcha gun roghainn sibh clas maighstireachd a thoirt seachad mun phròiseas agaibh ann an sgrìobhadh/leasachadh a chuimiseas air slugh-amhairc sònraichte no dealasachd a thaobh iomadachd a nochdadh a thaobh taghadh son ciad leughaidhean.

Bidh sinn a' sùileachadh gum bi doimhneachd is farsaingeachd anns na dreuchdan gu lèir a bheirear seachad a thaobh an eòlais a bheir iad don neach a bhios nan lùib. An oibrich an neach còmhla ri farsaingeachd luchd-obrach air a' phròiseact agaibh? Am faigh iad farsaingeachd dleistan a thig còmhla mar fèin-fhiosrachadh buannachdail? A bheil gin den luchd-oideachaidh de inbhe àrd agus le comasan is eòlas susbainteach aca?

A bheil ur pròiseact no film a' gabhail gnothaich ri dìth riochdachaidh a thaobh cothroman pàighte leithid inntearnas, ionnsachadh ciùird agus luchd-comhairle sònraichte, dreuchdan trèanadh agus cothroman trèanadh no eòlas fhaighinn air obair, agus adhartachadh is "ciad obair" is meantorachd, anns gach suidheachadh feumar na dreuchdan sin a lìonadh le muinntir bhuidhnean le dìth-riochdachadh.

Is dòcha gun tadhal BFI air ur pròiseact no ceistean a bharrachd a chur gus am bithear cinnteach gun fhiach na cothroman eòlas obrach a bheirear seachad.

Tha mòran bhuidhnean ann a bheir taic a thaobh fhaighinn a-steach don ghnìomhachas. Gus comhairle fharsaing fhaighinn mu dheidhinn cothroman obrach a thabhann, bidh **ScreenSkills** agus **My World of Work** aig Skills Development Scotland a' toirt seachad comhairle domhuintir nan gnìomhachas cruthachail, luchd-trèanadh is luchd-foghlaim. Tha stiùireadh coitcheann aig Riaghaltas na RA a thaobh inntearnasan is trèanadh stèidhichte aig obair a thoirt seachad air an làrach-lìn agus tha fiosrachadh sònraichte aige mu dheidhinn inntearnasan math a thoirt seachad.

Feumar dreuchdan a bhith aig muinntir bhuidhnean le dìth-riochdachadh airson a bhith a rèir nan riaghailt. **Chan iarrar oirbh ainmean dhaoine a thoirt seachad.**

Ma thathas gun dreuchdan a dhearbhadh fhathast, bu chòir dhuibh fiosrachadh mu na rùintean agaibh a thoirt seachad a thaobh dè seòrsa dreuchdan pàighte a bheir sibh seachad, dè na roinnean anns am bheil iad agus ciamar a thèid am fastadh — dè am for-ruigheachd a nì sibh do bhuidhnean le dìth riochdachaidh agus dè na cnapan starraidh a bheir sibh air falbh.

Thoiribh fa-near, nuair a bhios filmeadh a' dol taobh na RA, gum beachdaich sinn air cothroman a bheirear do mhuintir an àite, fhad is a bhuineas iad do bhuidhinn le dìth riochdachaidh. Ma bhios filmeadh a' dol taobh muigh na RA, bhiodh sinn fhathast a' sùileachadh gun deanar oidhirpean airson cothroman san RA ann a leasachadh, ro-is iar-riochdachadh ma ghabhas seo a dhèanamh.

Airson pròiseactean le luchd-saor-thoilich an sàs, mìnichibh mar a bheir sibh luchd-saor-thoilich a-steach bho aon no barrachd de na buidhnean le dìth riochdachaidh.

Priomh luchd-cùraim

Mìnichibh làimhseachadh sònraichte sam bith (mar eisimpleir, cothroman obair a roinn, cùram-chloinne làtharail, dòighean obair sùbailte) gus taic chur ri feadhainn a tha nam prìomh luchd-cùraim leithid trèanadh, cothroman-tillidh, no meantorachd air a' phròiseact.

Gus Inbhe C a ruighinn feumar co-dhiù DHÀ de na leanas a choileanadh:

C1. Cothroman cosnaidh pàighte (leithid ionnsachadh-ciùird, inntearnasan, luchd-comhairleachaidh sàr-eòlach)

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Cothroman cosnaidh pàighte air a' phròiseact, ionnsachadh-ciùird, inntearnasan, luchd-comhairleachaidh sàr-eòlach is an leithid.

Ma thathas air àitichean a lìonadh mar-thà bu chòir dhuibh fiosrachadh mun t-seòrsa cothrom agus dè a' bhuidheann le dith riochdachaidh dam buin an neach.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Cothroman gan gabhail le muinntir nam buidheann le dith riochdachaidh, no feum a chur air buidhinn shònraichte a nì slighean a-steach ann an gnìomhachas do mhuinntir nam buidheann le dith riochdachaidh.

Measaidh sinn meud a' phròiseict gu lèir agus àireamh nan cothroman pàighte a bhios sibh a' tabhann nuair a cho-dhùnas sinn am bheil ur pròiseact a' freagairt air na riaghailtean.

Am measg nan dòigh na riaghailtean a choileanadh tha na leanas:

Prògram inntearnas no ionnsachadh ciùird a tha ag amas gu sònraichte air buidhinn no buidhnean le dith riochdachadh - dh' fhaodadh gur e a bhios an seo prògram a chruthaich a' chompanaidh fhèin.

Sgeama bhon taobh a-muigh fom bheil sibh a' cleachdaidh luchd-tagraidh/trèanaidh - leithid Screen NETS, Bectu Vision, GMAC agus NFTS Scotland. Gheibhear liosta slàn de chothroman trèanaidh is ceàrd ionnsachadh aig resource directory an Screen Training Alliance.

Muinntir buidhne le dith riochdachaidh ann an dreuchdan inntearnas no ionnsachadh ciùird.

For-ruigheachd gus am fastar luchd-inntearnas no ionnsachadh ciùird à buidhnean sònraichte le dith riochdachaidh - sanasachd ann an àitichean ùra is dòighean ùra fastadh, gu h-àraid a' dol gu àitichean air feadh Alba gus an lorgar luchd-trèanaidh (ma thathas a' filmeadh air falbh bho mheadhan na dùthcha) a' dol gu colaistean ionadail no oilthighean, agus ma tha e buntainneach luchd-film is prògram ionadail, coimhearsnachdan is buidhnean saor-thoileach, a bharrachd air cur-às do cnapan-starraidh a chumadh cuid de bhuidhnean le dith riochdachadh bho bhith a' tagradh, leithid ruigsinneachd, cùraim-chloinne, agus cosgaisean siubhail is bith-beò.

Luchd-comhairleachaidh sònraichte

Sàr-eòlaichean à buidhinn le dith riochdachadh a nochdas gu brioghmhor sa phròiseact ann an dòigh air choireigin (leithid aithris/characteran /àite/tachartas ann an eachdraidh).

Mar eisimpleir, mas ann mu dheidhinn galar cnàmh-bhochdainn fad-ùine a tha am pròiseact, dh'fhaodadh neach-comhairliche sònraichte aig a bheil an tinneas sin a bhith freagarrach; neo ma tha am pròiseact a' toirt dealbh de choimhearsnachd in-imriche sònraichte, chunntadh neach-comhairliche a bhuineadh don chultar sin agus a bheireadh comhairle air firinn a dhealbh. A bharrachd air an sin, ma tha neach ann à buidhinn le dith riochdachaidh a tha ag obair ann an gnìomhachas sònraichte, aig a bheil eòlas a' buntainn ri prìomh character / cuspair, leithid dannsair ballet à meanbh-sluaigh le dith-riochdachaidh airson film no prògram mu ballet, fhreagradh iad cuideachd air na slatan-tomhais.

C2. Cothroman trèanaidh agus sgilean leasachadh (ceàrd, cruthachail agus gnìomhachas) nam measg, cothroman eòlas-obrach aon-uair, sònraichte agus oileanach

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Cothroman trèanaidh air a' phròiseact, a' gabhail a-steach eòlas fhaighinn air obair agus cothroman eile, leasachadh sgilean / ciùid do sgioba is luchd-obrach a thig bho taobh-muigh a' ghnìomhachais, trèanadh làraich is trèanadh sònraichte.

Ma thathas air àitichean a lìonadh mar-thà bu chòir dhuibh fiosrachadh mun t-seòrsa cothrom agus dè a' bhuidheann le dith riochdachaidh dam buin an neach.

Mas e tachartas no òraid a bhios anns an trèanadh agaibh, bu chòir dhuibh fiosrachadh a thoirt seachad a thaobh dè dìreach a tha anns an tachartas seo.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Am measg nan dòigh na riaghailtean a choileanadh tha na leanas:

- Cothroman foirmeil air eòlas obrach do dhaoine à buidhnean le dith riochdachadh - a' gabhail a-steach oileanaich àrd-sgoile no àrd-fhoghlaim
- Òraidean no bùithtean obrach le prìomh bhuill den sgioba no luchd-cruthachail aig comainn foghlaim / coimhearsnachd do mhuinntir nam buidhnean le dith riochdachaidh.
- Cothroman do luchd-sgioba à buidhnean le dith riochdachaidh gus am gabh iad tuilleadh uallach air an làrach / gabhail ri tuilleadh uallach rè ùine bhig no trèanadh a bharrachd fhaighinn nuair a tha an riochdachadh a' dol.

Measaidh sinn meud a' phròiseict gu lèir agus àireamh nan cothroman pàighte a bhios sibh a' tabhann nuair a cho-dhùnas sinn am bheil ur pròiseact a' freagairt air na riaghailtean.

C3. Àrdachadh gu dreuchd a tha a' ciallachadh adhartas ann an obair do co-dhiù aon bhall den sgioba / bhuidhinn

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Buill den den sgioba / buidhinn a' gabhail dleastanasan nas àirde fhad is a tha am pròiseact a' dol no ann an dàimh ri dreuchdan a bha aca roimhe. Bu chòir dhuibh innse dè na dreuchdan a tha ùr aig daoine a tha gan adhartachadh anns a' phròiseact agus dè na dreuchdan a bha aca agus a' bhuidhinn le dith riochdachadh dam buin iad.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Ball den sgioba / bhuidhinn à buidhinn le dith riochdachadh gabhail ri tuilleadh uallach seach na dreuchdan ainmichte a bha aca roimhe agus a' gabhail tuilleadh uallach fhad is a tha an riochdachadh a' dol.

C4. A' chiad obair ann an dreuchd a tha a' ciallachadh adhartas bhon trèanadh a bha ann roimhe

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Buill den sgioba/buidhinn a tha a' faighinn a' chiad làn chreideas as dèidh dhaibh a bhith ann an inntearnasan, ionnsachadh-ciùird, àite-trèanaidh no trèanadh fhèin.

Bu chòir dhuibh innse dè na dreuchdan a tha buill den den sgioba/buidhinn a gheibh an ciad obair anns a' phròiseact agus cunntas air an eòlas a bha aca agus a' bhuidhinn le dìth riochdachadh dam buin iad.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Ball den sgioba/buidhinn à buidhinn le dìth riochdachadh a' faighinn an ciad dreuchd proifeiseanta (chan e trèanadh) Dh' fhaodadh seo a bhith:

- Cuideigin à buidhinn le dìth riochdachaidh a ghabh pàirt ann am prògram trèanadh / ionnsachadh ciùird sònraichte a-nis a' faighinn an ciad dreuchd proifeiseanta
- Cuideigin à buidhinn le dìth riochdachaidh a-nis a' faighinn an ciad dreuchd proifeiseanta às dèidh dhaibh a bhith ann am foghlam àrd-sgoil / àrd-fhoghlam
- Cuideigin a' tighinn a-steach à gnìomhachas eile, a' gabhail a-steach ath-thrèanadh, a' faighinn an ciad creideas proifeiseanta ann an telebhisean no film.

C5. Prògraman oideachaidh brìoghmhor susbainteach

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Prògraman oideachaidh gan ruith mar phàirt den phròiseact, le companaidh no a' cleachdadh Ceannardan Roinne / luchd-cruthachail sònraichte mar oidean.

Bu chòir dhuibh innse dè na buidhnean le dìth riochdachadh dam buin an fheadhainn a tha gan oideachadh agus cò mu dheidhinn a tha an t-oideachadh.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Feadhainn a gheibh oideachadh à buidhnean le dìth riochdachadh, ged a b' ann a sgeama-oideachaidh stèidhichte rè a' phròiseict, mar phàirt de sgeama oideachaidh nas fharsaing leis a' chompanaidh, no nuair a bhios ceannard roinne no neach-cruthachail às a' phròiseact ag obair na oide ann an prògram oideachaidh nas fharsaing agus tha an fheadhainn a tha gan oideachadh an sàs anns a' phròiseact.

Mìnichibh an dreuchd, ach na ainmich an neach fhèin.

INBHE D — LEASACHADH SLUAGH-AMHAIRC

Tha Inbhe D riatanach do luchd-tagraidh Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba. Seo cuspair a bharrachd do riochdachaidhean telebhisean is film le luchd-sgaoilidh nan cois.

Bheirear beachd air nàdar nam prògram is film, an sluagh air a bheileas ag amas agus buaidh san ùine fhada air a bheileas a' cuimseachadh.

Feumaidh sibh sealltainn gu bheileas air beachdachadh gu mionaideach air sluaghan-amhairc sònraichte air am bheil ur phròiseact ag amas; cha choilean e na riaghailtean ma chanar dìreach gu bheil e fosgailte do na h-uile san fharsaingeachd. A bheil sibh an dùil gum bi brìgh sònraichte aig ur pròiseact do shluagh-amhairc nach eil ga fhrithealadh gu leòr? Ciamar a tha sibh a' cur romhaibh ruighinn air na sluaghan-amhairc sin?

Ma tha sibh a' tagradh airson maoin eachadh fèis film feumar mìneachadh dè na pàirtean den choimhearsnachd nach eil an sàs anns na gnìomhan agaibh an-dràsta agus innse gu soilleir mar a thathas ag amas air na sluaghan-amhairc seo a leasachadh. Dh'fhaodadh sibh bruidhinn air ur roghainnean prògram, planaichean margaideachd, com-pàirteachasan coimhearsnachd is an leithid. Nochdaidh freagairt làidir an seo dìlseachd do leasachadh sluaghan-amhairc san ùine fhada seachad air aon phròiseact.

Gus Inbhe D a ruighinn feumar co-dhiù TRÌ de na leanas a choileanadh:

D1. Ruigsinneachd is stuthan do chiorramaich

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Frithealadh ciorramach is ruigsinneachd a thèid nas fhaide na uallaichean laghail no dleastanasan craoladairean na RA (BSL, fo-thiotail, caipseanan, cunntas fuaim)

Fìor dhealas airson ionad, fèis, tachartas no film a dhèanamh ruigsinneach do shluagh cho iomadach agus a ghabhas.

Tha sinn a' lorg fianais gu bheil sibh a' cruthachadh cothroman ruigsinneachd do chiorramaich don phròiseact agaibh a bharrachd air na dh'fheumas sibh fon lagh, no (airson maoin riochdachaidh) a bhios mar uallach cùmhnant oirbh aig a' char as ìsle san aonta agaibh le Sgrìn Alba.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Frithealadh ruigsinneachd is stuthan a thèid nas fhaide na dìreach BSL, fo-thiotail, caipseanan agus cunntas fuaim. Is dòcha gur e a bhios an seo susbaint a' phròiseict a' cleachdadh cànan ruigsinneach no dòighean conaltraidh mar-thà, no far a bheil craoladair a' cleachdadh teicneòlas ùr gus am bi am pròiseact nas ruigsinnich.

Is e a bhiodh ann an gnìomhan buntainneach eile dòighean cruthachail ann am margaideachd do sluaghan-amhairc sònraichte a chuireas ri na fèin-fhiosraichean do dhaoine ciorramach. Is dòcha gun gabh e gnothaich ri iarraidh beachd is am film fheuchainn le daoine, clann nam measg le feumalachdan ruigsinneachd rè an leasachaidh. Is dòcha gur e ceumannan gus am film no prògram a dhèanamh nas ruigsinniche do dhaoine le feumalachdan mothachaidh sònraichte a bhiodh ann.

Cuideachd, ma bhios susbaint pròiseict a bharrachd air-loidhne no ann an app, a nì cinnteach gun ruigear air gu lèir.

Is e a bhiodh ann an ceumannan eile leithid:

- Taisbeanadh film le caipseanan ann am Beurla, fo-thiotail is mìneachadh fuaime nan cois mar chleachdadh àbhaisteach.
- Mineachadh beò Beurla BSL, caipseanan beò (còmhradh gu teacs) agus Mineachadh Fuaime de cothroman ceist an dà chuid beò agus air-loidhne.
- Gu bheil stuthan margaideachd is sanasachd rim faotainn ann an cruthan eile ann an clò agus rim faighinn gu didsiteach is air-loidhne (a' gabhail a-steach clò-sgrìobhaidh mhòir, teacs soilleir, BSL, agus cànanan eile nam measg Gàidhlig, BSL, Albais, Pòlannais, is an leithid)
- Gu bheil comharran ruigsinneachd, notaichean susbaint, notaichean ruigsinneachd (rabhaidhean susbaint/iomradh mu cheòl chruaidh, éifeachdan sònraichte fuam obann, atharraichean luatha no boillsgeadh solais) ann an stuthan margaideachd, sanasachd is prògram ann an clò, didsiteach is air-loidhne
- Cleachdadh àitichean a fhreagras air cathraichean-cuibhle, le slighean do chathraichean-cuibhle, làraichean luchdaidh dealain, taighean-beaga le rùm son èideadh is badan, lùban ion-ductaidh, taighean-beaga neodrach a thaobh gnè, rumannan/àitichean sàmhach, seithrichean cofhurtail, (le bagaichean phònairean), furasta ruighinn le còmhdhail phoblach, parcadh, solais beagan suas son filmichean a thaisbeanadh.
- Prìsean sgeile-sleamhnachaidh do thiocaidean, agus maoin gus luchd-amhairc a chuideachadh (siubhal, cur-ri dàta, cùram chloinne)
- Àitichean a tha gu h-iomlan ruigsinneach a chleachdadh, nam measg ionadan a tha nas càilear do shluaghan nach eil gan deagh-fhrithéaladh, son tadhal agus son a bhith nam pàirt dhiubh.

D2. Luchd-amhairc nach eil gan deagh-fhrithéaladh

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Cuimseachadh ro-innleachdail air sluaghan nach eil gan deagh-fhrithéaladh a bhios sibh a' feuchainn ri ruighinn leis a' phròiseact agaibh.

Bu chòir dhuibh innse cò na sluaghan nach eil gan deagh-fhrithéaladh air a bheil sibh ag amas, a' mìneachadh carson nach eil an sluagh seo ga dheagh-fhrithéaladh. Bu chòir dhuibh innse dè na prìomh ro-innleachdan a bhios agaibh gus an sluagh seo a ruighinn, le soilleireachd is co-theagasg.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Gur e buidheann nach eil ga deagh fhrithéaladh a bhios anns an sluagh air a bheil am pròiseact ag amas, le plana soilleir gus am frithealadh, le margaidheachd air-loidhne is eile, susbaint a bharrachd is tachartasan sam bith.

Bidh cuid de bhuidhnean le dìth riochdachaidh gam frithealadh ceart gu leòr ach is dòcha gu bheil iad gan droch fhrithéaladh a thaobh cuid de ghnèithean sònraichte de filmichean no prògraman.

Chan e gu leòr a tha ann a bhith ag ràdh gu bheil an leithid seo de neach sa phrògram seo, no ma thathas ga shuidheachadh anns an leithid seo de dh'àite gum faic daoine iad — feumaidh ri-innleachd nas fharsaing a bhith ann.

Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach ro-innleachdan gus stuth a chur air sgrìn ann an cànan gun riochdachadh gu leòr ann an Alba.

Bidh ro-innleachdan eile a' gabhail a-steach:

- Stuth ann am prògram (fo stiùir is dha) slugh nach eil gan deagh fhrithealadh a chì iad fhèin san eachdraidh, sgeulachd, caractaran no cànan a nochdas air an sgrìn
- Prògraman do shluaghan sònraichte a bhuineas do choimhearsnachdan nach eil gan deagh fhrithealadh a bharrachd air tachartasan sgrìn san leithid a chur air dòigh a fhreagras air teaghlaichean, cuid le uathachas/òtasm, is cuid le seargadh-inntinn
- Taic a chuir ri làthaireachd tro mhaoin cuideachaidh luchd-amhairc (do thiocaidean, siubhal, cùram chloinne, cairt dàta) taic is ro-innleachdan eile
- Ro-innleachd Com-pàirteachadh Sluaigh a thoirt gu buil (leithid luchd-obrach air leth fastadh airson Com-pàirteachaidh agus For-ruigheachd) gus obrachadh le is slugh a thoirt a-steach à coimhearsnachdan le dìth riochdachadh agus buidhnean den leithid

D3. Sluaghan-amhairc roinneil is nàiseanta is ruigsinneachd air feadh Alba

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Ro-innleachdan gus luach a chur agus com-pàirteachadh ri luchd-amhairc à sgìrean nach eil gan deagh fhrithealadh air feadh Alba.

Is iad sgìrean a tha gan droch fhrithealadh àitichean gun chomas chunbhalach air film pròiseactan, ionadan, fèisean, tachartasan no foillseachadh film, nam measg àitichean le:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an **Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn (SIMD)**⁵
- Mar a mhìnichear ann an **Seòrsachadh ochd-fhillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba** a thaobh slugh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach.

Bu chòir dhuibh an roinn no roinnean ainmeachadh a bhunaicheadh bhon prògram, a bharrachd air nàdar a' phrògram fhèin.

D3 — tha sinn a' lorg buannachdan a bharrachd do luchd-amhairc a thèid nas fhaide na prìomh gnìomhan na fèis, prògraim no foillseachaidh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach frithealadh ann an cànan sònraichte do choimhearsnachdan ionadail, cuimseachadh air cultaran ionadail no roinneil, no ceumannan ro-innleachdail gus sluaghan-amhairc film a leasachadh anns an sgìre.

Bu chòir dhuibh an roinn no roinnean ainmeachadh a bhunaicheadh bhon prògram, a bharrachd air nàdar a' phrògram fhèin.

5. Tha an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn a' comharrachadh slatan-tomhais bhochdainn ann an 6,976 sgìrean-beaga Albannach a thaobh teachd-a-steach, cosnadh, foghlam, slàinte, cothrom air seirbheisean is taighean. Faodaidh sgìrean a tha gan comharrachadh mar "bochd" a bhith a' ciallachadh gu bheil teachd-a-steach ìosal ach cuideachd gu bheil goireasan is cothroman gann.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Ro-innleachdan soilleir - margaidheachd, tachartasan, for-ruigheachd do shluaghan-amhairc.

Is iad cuid de dhòighean anns am faodadh coinneachadh ris an seo: susbaint cuimsichte mheadhanan sòisealta, a bharrachd air margaidheachd ionadail do dhaoine nach eil air na meadhanan sòisealta, gus dèanamh cinnteach gu tig luchd-cluiche, luchd-lìbhrigidh, farpaisich no com-pàirtichean à dùthchannan is roinnean eile.

Is dòcha gum biodh susbaint foghlaim a bharrachd agaibh, bhideothan goirid, apps no geamaichean a tha cuimseachadh air slughan-amhairc ann an cuid de sgìrean sònraichte. Faodar tachartasan beò am fighe a-steach san ro-innleachd roinneil agaibh.

A thaobh briathran gus roinnean a chomharrachadh cleachdaidh sinn na leanas:

- Alba — a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan
- Alba — Ear-Thuath
- Alba — Ear-Mheadhan
- Alba — Meadhan
- Alba — Iar-Mheadhan
- Alba — Iar
- Alba — Deas
- Eile

D4. Ro-innleachdan sanasachd is margaidheachd

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Ro-innleachdan gus coinneachadh ris an t-sluagh-amhairc gun frithealadh no slughan-amhairc air an tugadh iomradh ann an D2.

Bu chòir dhuibh an gnìomh a mhìneachadh agus cò an slugh gun frithealadh a bhuannaicheas às.

Gus D4 a choileanadh feumaidh sibh nochdadh gu bheil tuigse dearbhte agaibh ciamar a ruigeas an ro-innleachd sanasachaidh agaibh ar slughan-amhairc ùra no gun deagh-frithealadh.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Margaidheachd, tachartasan, for-ruigheachd no ro-innleachdan air-loidhne a chuimsicheas air slugh-amhairc gun frithealadh.

Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach:

- For-ruigheachd do shluaghan-amhairc nach eil cho dualtach coimhead ri tèatar no telebhisean àbhaisteach
- Susbaint, a' cleachdadh stuth air-loidhne agus luchd-buaidh nam meadhanan sòisealta
- Tachartasan
- Stuthan foghlaim
- Susbaint app, geàma no VR
- Farpaisean no co-dheuchainn
- Ro-innleachdan prìsean cuimsichte

D5. Com-pàirtichean a chuireas feum air/no sàr-eòlas

CÒ MU DHEIDHINN A THA AN RIAGHAILT SEO?

Com-pàirtichean a chuireas feum air /no sàr-eòlas gus coinneachadh ris an t-sluagh-amhairc gun frithealadh no sluaghan-amhairc air an tugadh iomradh ann an D2.

Tha sinn a' lorg phròiseictean gus co-obraichean no co-bhonntachdan ùra a chur ri chèile a tha ag amas gu h-àraid air iomadachd sluaghan-amhairc na h-Alba a leudachadh. Is dòcha gum buin an t-eòlas sònraichte no sàr-eòlas do chom-pàirteachas coimhearsnachd a thogail, dòighean for-ruigheachd, ruigsinneachd do chiorramaich, meanbh-chànain, cultaran film nàiseanta no roinneil no an leithid.

Is e a dh'fhaodas a bhith ann an ro-innleachdan eile a bhith a' fastadh stiùirichean, muinntir a' phròiseict, sgioba is luchd-saor-thoileach à buidhnean is coimhearsnachdan agus Luchd-co-òrdanaiche, Ruigsinneachd is Conaltraidh fhadstadh a-mach à buidheann/buidhnean le dìth riochdachadh airson for-ruigheachd is conaltradh ri sluagh(an)-amhairc nach eil gam frithealadh.

Bheir sinn sùil air càileachd is freagarrachd an eòlais a chuireas sibh roimhibh a chleachdadh, agus iarraidh sinn taisbeantas gun toir an leithid ìre nas doimhne de chonaltradh is leasachadh leis an t-sluagh-amhairc.

Bu chòir dhuibh mìneachadh cò an sluagh(an) gun frithealadh a bhuannaicheas às agus iomradh a thoirt air a' chom-pàirteachas agus dè am buaidh a bheir e.

DÈ A FHREAGRAS AIR AN RIAGHAILT SEO?

Cleachdadh com-pàirteachasan gus goireasan eòlaichean is fiosrachadh a leasachadh do shluagh-amhairc shònraichte gun frithealadh.

CUIRIBH FIOS THUGAINN

AIRSON CEISTEAN, STUTHAN EILE AGUS CUIDEACHADH LE RUIGSINNEACHD

Ma tha ceistean sònraichte agaibh, no ma tha taic, fiosrachadh a bharrachd no cuideachadh a dhìth gus bileag Sgeama Phileataich Inbhean Iomadachd BFI - Sgrìn Alba a lìonadh, cuiribh fios air BFI air post-d nan Inbhean Iomadachd diversitystandards@bfi.org.uk no fòn air **0207 173 3273**.

Cuiribh fios thugainn ma tha ceistean sam bith a bharrachd agaibh mu dheidhinn Maoin Riochdachaidh is Leasachaidh Film no Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba, no ma tha taic san fharsaingeachd no fiosrachadh a bharrachd sam bith a dhìth oirbh. Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: Lìonaibh foirm [air an làrach-lìn againn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@screenscots](#)

Ma tha sibh ag iarraidh oirnn fònadh air ais thugaibh, thoiribh dhuinn ur n-àireamh is thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

Ma thathas bodhar agus a' cur feum air BSL gheibh sibh air na seirbheisean a chleachdadh tro phrògram BSL Contact Scotland.

Rachaibh gu: contactscotland-bsl.org/deaf-bsl-users airson barrachd fiosrachaidh.



ALBA | CHRUTHACHAIL